

Toraidhean sgrùdadh àrd- sgoile airson na bliadhna acadamaigich 2024/25

Geàrr-chunntas nan toraidhean

28/05/2026

Ro-ràdh

Rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh 35 sgrùdaidhean ann an 2024/25, agus bha:

- 16 dhiubh mar làn-sgrùdaidhean samhla
- 19 dhiubh mar gheàrr-sgrùdaidhean samhla
- Dh'fheumadh 12 de na 35 sgoiltean sgrùdadh a bharrachd.

Rinn HMI 14 sgrùdaidhean a bharrachd, agus dhiubh seo, cha robh ach 3 sgoil nach fheumadh an tuilleadh com-pàirte.

Tha an geàrr-chunntas luchd-gnìomha seo a' taisbeanadh prìomh-thoraidhean nan sgrùdaidhean àrd-sgoile¹ a rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim (HMIE) sa bhliadhna acadamaigeach 2024/25. Rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh 35 sgrùdaidhean² ann an àrd-sgoiltean air feadh na h-Alba, 's iad a' cleachdadh nan taisbeanairean càileachd (Qlan) bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? 4mh Eagran](#) agus stiùireadh sgrùdaidhean co-cheangailte ris. Thug e tarraing air fianais bho thursan sgrùdaidh, còmhraidh proifeiseanta agus ceisteachain lìonta ro-làimh. Tha seo a' riochdachadh sampall mu thuaiream 10% dhe na h-àrd-sgoiltean gu lèir. Tha dleastanas reachdail air HMIE a bhith a' sgrùdadh agus ag aithriseadh air càileachd foghlaim agus bhuilean do luchd-ionnsachaidh an Alba fo Achd an Foghlaim (Alba) 2025.

¹ Chan eil an aithisg seo a' gabhail a-steach fianais bho na sgoiltean uile.

² [Sgrùdaidhean àrd-sgoile | Sgoil agus ELC | Stiùireadh Sgrùdaidhean | Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim ann an Alba](#)

Thathar an dùil gun toir an geàrr-chunntas roinn-ìreach seo sealladh soilleir air neartan, raointean rin leasachadh agus pàtrain chudromach a chaidh an comharrachadh le sgrùdaidhean a rinneadh rè na bliadhna seo a dh'fhalbh.

Toraidhean sgrùdaidh

Tha fianais air nochdadh gu bheil ceannardas a' fàs nas treasa, gu bheil eòlasan ionnsachaidh a' fàs nas fheàrr, agus gu bheil cultaran adhartach a tha taiceil do shunnd is euchdalachd dhaoine òga a' sìor dhol am meud air feadh mòran sgoiltean. Tha deagh-dhàimhean eadar luchd-teagaisg, luchd-ionnsachaidh is teaghlach nam bunait de chleachdadh èifeachdach. 'S iomadh sgoil a tha ag àrdachadh coileantas fhathast le bhith: a' dèanamh sgrùdadh nas treasa; a' tracadh adhartas dhaoine òga; a' co-mheasadh 's a' cleachdadh dàta; agus a' toirt cothrom do gach neach-ionnsachaidh air slighean ionnsachaidh san ìre as àirde a tha dùbhlach gu leòr agus a' freagradh am feuman is miannan beatha. Tha sgoiltean a' dealbhadh siostaman tracadh euchdalachd a tha a' glacadh com-pàirteachas agus adhartas sgilean, ged a dh'fheumas iad piseach a thoirt air seo fhathast. Chunnacas gu follaiseach air feadh nan sgoiltean againn gu bheil taic mheudaichte ann do luchd-ionnsachaidh a tha fo chunnart gun adhartas math, seasmhach a dhèanamh nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.

Ged a tha piseach a' tighinn air iomadh raon-solair, tha cùisean caochlaideach air feadh sgoiltean fhathast. Fhuaras ann am mion-chuid de na sgoiltean gun robh raointean solair lag no neo-iomchaidh ann.

Sna sgoiltean seo, feumaidh ceannardan-stiùiridh agus luchd-teagaisg obair gu dian gus coileantas àrdachadh, gu h-àraidh ann an litearrachd is àireamhachd, gus an tig adhartas dhaoine òga suas riutha, no gun toir e bàrr air rùintean nàiseanta, agus airson a bhith a' dèiligeadh ri beàrnan sòisio-eaconamach. Feumaidh seo co-thuigse chunbhalach air sàr-mhathas ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh an cois sgrùdadh is fèin-luachadh nas treasa airson leasachadh a dhèanamh nas luaithe.

A' stiùireadh atharrachadh

Thaisbean iomadh sgoil ceannardas làidir a tha a' toirt air luchd-teagaisg, luchd-ionnsachaidh agus luchd-com-pàirt an rathad romhpa a dhealbhadh le chèile. Tha tuigse mhath aig luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh air lèirsinn, luachan is amasan sgoile. Anns a' chleachdadh as treasa, nì na ceannardan-stiùiridh as èifeachdaiche cinnteach gu bheil lèirsinn, luachan is amasan an sgoile fillte gu domhainn an lùib gach raon de bheatha na sgoile agus a' toirt fios do phlanadh ro-innleachdail.

A dh'aindeoin seo, tha càileachd ann am planadh airson leasachadh ro chaochlaideach fhathast. Ann am mòr-chuid de sgoiltean, chan eil sgoinn ann am fèin-luachadh 's chan fhoghain na ceanglaichean aige ri builean a ghabhas tomhas, oir tha e a' cur feum air raon fianais a tha ro chumhang.

Feumaidh cuid a cheannardan prìomhachasan nas soilleire a tha stèidhichte air fianais nas treasa a chum sgoinn a chur air leasachadh seasmhach. Tha àrdachadh sa mhion-chuid de cheannardan meadhan-ìre aig a bheil pàirt mhòr ann an stiùireadh atharrachaidh sna sgoiltean aca. Tha ceannardan-stiùiridh a' sìor thogail comas nan ceannardan meadhan-ìre le ionnsachadh proifeiseanta cuimsichte.

Gu ìre mhòr, tha seo a' cuideachadh ceannardan meadhan-ìre gus a bhith nas èifeachdaiche le cleachdadh dàta mar thaic do dheagh adhartas an luchd-ionnsachaidh.

Sa mhòr-chuid de dh'àrd-sgoiltean, 's iad na tidsearan as motha a tha a' stiùireadh atharrachadh. Tha iadsan a' cur gu math ri leasachaidhean na sgoile air fad le bhith a' gabhail stiùir air gnothaichean. Tha a' mhòr-chuid de luchd-teagaisg air am misneachadh gus cleachdadh ionnsachadh 's a thoirt seachad do chàch. Ach, feumaidh tidsearan sa mhòr-chuid de sgoiltean barrachd sgoinn a chur air an dòigh san dearbh iad gu bheil builean do luchd-ionnsachaidh air fàs nas fheàrr mar thoradh air atharraichean ann an cleachdadh proifeiseanta.

Tha àrd-sgoiltean a' leantainn orra 's a' toirt comas do dhaoine òga a bhith a' stiùireadh atharrachadh ann an raointean leasachadh na sgoile. Ged a tha piseach a' tighinn air seo, chan eil buaidh chunbhalach aige air feadh gach sgoil.

Ionnsachadh, teagasg agus measadh

Tha dàimhean agus an fheallsanachd teagaisg fìor làidir air feadh a' mhòr-chuid de sgoiltean. Tha daoine òga gu math modhail sa mhòr-chuid de sgoiltean. Tha iad a' faireachdainn measta, is iad a' gabhail pàirt san ionnsachadh aca gu math. Chuir mòran sgoiltean frèaman-obrach soilleir an gnìomh airson ionnsachadh, teagasg is measadh nas treasa. Mar thoradh, tha gnàth-chùrsaichean nas cunbhalaiche ann agus structar soilleir aig leasan, lethid gnìomhachdan do luchd-tòiseachaidh agus làn-sheiseanan.

Gidheadh, dh'fhaodadh tidsearan sa mhòr-chuid de sgoiltean obair is gnìomhan a leasachadh gus an tig iad suas ri feuman gach duine òig. Tha cus leasan sa bheil sgoinn, dùbhlán no doimhneachd a dhìth san oideachadh. Ged a tha tidsearan eòlach air daoine òga, tha iad neo-chunbhalach san dòigh a bhios iad a' freagradh feuman ionnsachaidh sna leasan. Feumaidh iad ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh ann an dòigh nas èifeachdaiche do gach duine òg, agus dùbhlán nas motha ullachadh do chuid de luchd-ionnsachaidh.

Tha cleachdaidhean measaidh a' fàs nas fheàrr thar foghlaim fharsaing choitcheinn (FFC) agus nan ìrean as àirde. Tha tidsearan a' cleachdadh iomadh ro-innleachd gus tuigse dhaoine òga a dhearbhadh. Gidheadh, chan eil tidsearan a' cur deagh fheum air measadh foirmeachail airson fios a thoirt don phlanadh aca no gus an doigh-theagaisg aca atharrachadh. Ged a tha co-mheasadh làidir ann an cuid a sgoiltean, feumaidh e fàs nas treasa thar FFC los gun tig piseach air tàbhachd agus earbsachd nan co-dhùnidhean proifeiseanta.

Slighean ionnsachaidh

Sa chumantas, tha daoine òga a' faighinn tlachd às na h-eadar-ghluasadan aoghaireil bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile. Feumar piseach a thoirt air leantailachd a' churraicealaim a-steach do AS1, gu h-àraidh seachad air litearrachd is àireamhachd, los gum faigh daoine òga taic nas fheàrr air an t-slighe ionnsachaidh aca. Tha cus sgoiltean air dheireadh a thaobh cur-an-gnìomh litearrachd, àireamhachd, slàinte is sunnd mar dhleastanas do na h-uile.

Tha a' mhòr-chuid de sgoiltean a' solar slighean adhartais rianail thar FFC. Gidheadh, tha càileachd nan slighean AS3 caochlaideach. Ri linn seo, chan eil cuid a dhaoine òga a' faighinn an làn-chòir bho FFC ann an raointean leithid ionnsachadh chànan, agus sa phoileasaidh 1+2.

Ged a tha mòran de na slighean àrd-ìre do dhaoine òga iomchaidh agus a' freagradh co-theagsan ionadail is feuman luchd-ionnsachaidh, tha an cleachdadh seo neo-chunbhalach air feadh sgoiltean. Tha mòran sgoiltean ag obair gu math còmhla ri com-pàirtichean a-muigh gus iomadh slighe dhreuchdail a sholarachadh. Ri linn seo, thèid aig daoine òga dhol an-sàs ann an slighean ionnsachaidh a tha freagarrach do am miannan is feuman. Tha an t-ullachadh airson Leasachadh an Feachd-obrach Òg (LFO) a' fàs nas treasa, ach tha mòran sgoiltean aig toiseach-tòiseachaidh fhathast a thaobh ro-innleachd airson leasachadh sgilean fhisge a-steach do na curraicealaman aca.

Com-pàirteachas phàrantan

Tha dàimhean eadar luchd-teagaisg is pàrantan is teaghlaichean làidir, agus pàrantan ag ràdh gu bheil iad fìor thoilichte. Tha conaltradh èifeachdach, agus sgoiltean a' cleachdadh diofar dhòighean gus fios a thoirt do theaghlaichean. Tha deagh-àite aig na Comhairlean Pàrant mar chulaidh-taic do leasachadh ann an iomadach sgoil.

Gidheadh, feumaidh ceannardan cuid a sgoiltean buaidh is com-pàirt nan Comhairlean Pàrant a neartachadh. Tha com-pàirteachas phàrantan ann am fèin-luachadh is planadh airson leasachaidh a' dol am meud ach feumar a fhisge nas doimhne a-steach los gun toir guthan nam pàrant buaidh air prìomhachasan sgoile ann an dòigh nas rianaile.

A' leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha eòlas aig daoine òga sa mhòr-chuid de sgoiltean air dàimhean math, earbsail agus mothachadh aca gum buin iad do choimhearsnachd na sgoile. Tha iad a' tuigsinn nan taisbeanairean sunnd agus a' faighinn taic nuair a bhios sin a dhìth. Tha cleachdadh sna sgoiltean as fheàrr stèidhichte air dàta mu shunnd agus air beachdan dhaoine òga air an sunnd fhèin.

Ann an cha mhòr a h-uile sgoil, thug luchd-teagaisg freagairt èifeachdach don bharrachd dhraghan am measg dhaoine òga mu shlàinte-inntinn le bhith a' cleachdadh grunn ro-innleachdan deagh-bheachdaichte. Gidheadh, 's iomadh sgoil a dh'fheumas piseach mòr a thoirt air prògraman foghlaim pearsanta is sòisealta (FPS) gus a bheil barrachd adhartais ann, agus buntainneas, do dhaoine òga.

San fharsaingeachd, tha luchd-teagaisg a' tuigsinn nan dleastanasan reachdail aca a thaobh feumalachdan taic a bharrachd. Tha ullachaidhean airson eadar-theachdan dealbhte air an deagh stèidheachadh anns a' mhòr-chuid de sgoiltean. Gidheadh, tha càileachd ann am planadh pearsanaichte ro chaochlaideach. Gheibhear cus phlanaichean anns nach eil soilleireachd, targaidean a ghabhas tomas no luachadh air buaidh nan targaidean seo. Feumaidh ceannardan-stiùiridh is luchd-teagaisg barrachd a dhèanamh gus pròiseasan a leasachadh airson èifeachd nam planaichean aca a sgrùdadh.

Sa mhòr-chuid de sgoiltean, tha daoine òga am beachd gu bheil an sgoil gan cuideachadh gus iad fhèin agus càch a thuigsinn agus spèis a thoirt dhaibh.

Ann an iomadh sgoil, tha na dòighean aca dèiligeadh ri co-ionannachd is iomadachd a' fàs nas fheàrr. Sna sgoiltean seo, tha àite cudromach aig daoine òga ann a bhith a' stiùireadh obair is iomairtean airson cho-ionnachdan. Tha dòigh ro-innleachdail aig cuid a sgoiltean gus eòlas dhaoine òga air co-ionannachd is iomadachd a leasachadh. Gidheadh, tha mòran feumach air planadh ionnsachaidh nas adhartaiche ann an co-ionnachdan is dualan-nàdair dìonta.

Ag àrdachadh coileantas is euchdalachd

Tha eadar-dhealachadh mòr sna dòighean aig sgoiltean air adhartas dhaoine òga a thracadh agus taic a chumail ris. Ged a tha cuid a sgoiltean a' cleachdadh shiostaman daingeann le dàta earbsach a bheir fios airson eadar-theachdan tìmeil, tha modhan-obrach aig sgoiltean eile nach eil leasaichte gu leòr, 's a tha a' bacadh feabhas.

Feumaidh ceannardan-stiùiridh agus luchd-teagaisg ann an iomadh sgoil tuigse nas fheàrr air adhartas dhaoine òga ann am foghlam farsaing coitcheann. Ann an cus sgoiltean, chan eil sealladh ro-innleachdail aig ceannardan-stiùiridh is luchd-teagaisg air coileantas dhaoine òga seachad air litearrachd agus àireamhachd.

Tha na dòighean co-mheasaidh caochlaideach. Sa chleachdadh as treasa, gheibhear co-dhùnidhean proifeiseanta earbsach ma bhios co-mheasadh ga dhèanamh gu tric an taobh a-staigh agus a-muigh air an sgoil. Ach, ann an iomadh sgoil chan eil co-mheasadh math gu leòr ann.

Ann an AS3, tha a bhith an eisimeil inbhean Teisteanais Nàiseanta a' toirt buaidh air tàbhachd co-dhùnidhean Foghlaim Fharsaing Choitcheinn.

Gus dèiligeadh ri seo, feumaidh tidsearan Slatan-tomhais nàiseanta a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais (CaS) a chleachdadh nas èifeachdaiche los gum faigh daoine òga an làn-chòir air leud is doimhne ionnsachaidh ann an AS3.

Sa mhòr-chuid a sgoiltean, gheibh daoine òga buannachd à leasachadh sgilean airson beatha, ionnsachadh is obair. Thèid aca air pàirt a ghabhail ann an raon farsaing de ghnìomhachdan san sgoil agus sa choimhearsnachd. Ann an cuid a sgoiltean, ge-tà, faodaidh na gnìomhachdan seo a bhith ro dhùmhail anns an ìre as àirde. Tha seo gu h-àraidh fìor a thaobh dreuchdan ceannardais. Feumaidh ceannardan sgoile a bhith cinnteach gun glac na siostaman a th' aca airson euchdalachdan a chlàradh, sgrùdadh agus a thracadh an dà chuid com-pàirteachas agus sgilean gu h-èifeachdach.

Tha mòran sgoiltean a' togail chom-pàirteachasan a tha a' meudachadh fad is leud nan gnìomhachdan do dhaoine òga. Ann an iomadh cùis, tha daoine òga a' cosnadh teisteanas barantaichte foirmeil. Gidheadh, feumaidh sgoiltean tuilleadh chothroman a rannsachadh airson barantachadh thar gach ìre ionnsachaidh.

Tha luchd-teagaisg a' tuigsinn suidheachaidhean sòisealta is eaconamach dhaoine òga agus a' cleachdadh na tuigse seo gus taic a stiùireadh, ach chan eilear a' luachadh nan eadar-theachdan cuimsichte no a' cleachdadh maoin cothromas nan sgoilearan (MCS) ann an dòighean cunbhalach. Tha cha mhòr a h-uile duine òg a' dèanamh adhartas math nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.

Gidheadh, feumaidh cuid a sgoiltean tracadh nas fheàrr gus an urrainn dhaibh taic a chumail ris na daoine òga sin a tha fon chunnart as motha.

Sgrùdaidhean a bharrachd

Tha an ceudad de dh'àrd-sgoiltean a dh'fheumas sgrùdadh a bharrachd ag èirigh, oir bha 34% de sgoiltean feumach air sgrùdadh eile ann an 2024/25, an coimeas ri 28% ann an 2023/24. Chaidh gach sgoil a dh'fheumadh sgrùdadh a bharrachd a chomharrachadh mar lag no neo-ìomchaidh airson QI 1.3: A' stiùireadh atharrachadh no QI 3.2: Ag àrdachadh coileantas agus euchdalachd.

Air feadh nan sgoiltean seo, feumaidh ceannardan-stiùiridh agus luchd-teagaisg obair gu dian, seasmhach a dh'àrdachadh coileantas do gach duine òg, gus an tig an t-adhartas sin suas riutha, no gus an toir e bàrr air, rùintean nàiseanta. Feumaidh seo fòcas làidir air leasachadh bhuilean ann an raointean cudromach leithid Beurla is litearrachd agus matamataig is àireamhachd, fhad 's a thathar a' dèiligeadh ris na beàrnan sòisio-eaconamach a tha mì-chothrom ag adhbharachadh.

Mar thaic, feumaidh ceannardan-stiùiridh is luchd-teagaisg càileachd is cunbhalachd ionnsachaidh, teagaisg is measaidh a leasachadh gus am faigh gach duine òg ionnsachadh brosnachail, tarraingeach a tha dùbhlach mar as cubhaidh. Bu chòir stèidh a chumail ri seo le inbhean is rùintean nàiseanta agus neartachadh nan dòighean air am bithear a' sgrùdadh 's a' luachadh obair na sgoile gus leasachadh a dhèanamh nas luaithe.

Luachaidhean airson 2024/25

Taisbeanair càileachd	Neo- iomchaidh	Lag	Iomchaidh	Math	Glè mhath	Sàr- mhath
1.3 – A' stiùireadh atharrachadh	0%	25%	19%	44%	13%	0%
2.3 – Ionnsachadh, teagasg agus measadh	0%	11%	31%	40%	14%	3%
3.1 – Sunnd, in- ghabhail agus co- ionannachd	6%	6%	25%	50%	13%	0%
3.2 – Ag àrdachadh coileantas agus euchdalachd	3%	26%	17%	37%	11%	6%

Prìomh theachdaireachdan

Tha ceannardas a' fàs nas treasa, ach tha leasachadh caochlaideach

Air feadh mòran de na h-àrd-sgoiltean, tha fianais air nochdadh gu bheil barrachd ceannardais èifeachdaich agus deagh-dhàimhean ann a tha a' cumail stèidh ri sunnd agus euchdalachd.

Anns a' chumantas, tha tuigse mhath air lèirsinn is luachan, agus tha comas stiùiridh nan tidsearan a' fàs nas fheàrr. Gidheadh, chan eil buaidh chunbhalach aig ceannardas air leasachadh bhuilean do dhaoine òga, agus tha cùisean caochlaideach a thaobh planadh airson leasachadh, sgoinn nam pròiseasan fèin-luachaidh agus dè cho èifeachdach 's a tha stiùireadh le luchd-ionnsachaidh air feadh sgoiltean. Chan eil leasachadh seasmhach fighte a-steach don a h-uile sgoil.

Tha na h-àrainneachdan ionnsachaidh math ach chan eil ionnsachadh is teagasg dùbhlanaich gu leòr

Tha dàimhean agus àrainneachd ionnsachaidh nan seòmraichean-teagaisg glè làidir, agus tha a' mhòr-chuid de dhaoine òga am beachd gu bheil luach ga chur annta, agus tha deagh chompàirt aca san ionnsachadh aca fhèin. Ged a chuir mòran sgoiltean frèaman-obrach an gnìomh airson ionnsachadh, teagasg is measadh nas cunbhalaiche agus a shuidhich iad rùintean a thaobh deagh-chleachdadh, tha cus leasan ann nach eil luath no dùbhlanaich gu leòr. Tha measadh foirmeachail a' fàs nas fheàrr ach chan eilear ga chleachdadh ann an dòigh rianail a bheir fios do phlanadh airson ionnsachadh an dèidh làimhe.

Tha slighean curraicealaim so-leantainn ann, ach tha beàrnan làn-chòir is adhartais ann fhathast

Tha a' mhòr-chuid de sgoiltean a' solar slighean adhartais so-leantainn thar foghlaim fharsaing choitcheinn (FFC), gu h-àraidh ann an AS1 agus AS2. Chan eil slighean adhartais ann an AS3 daonnan so-leantainn agus chan eil cuid a luchd-ionnsachaidh a' faighinn an làn-chòir air gach cuspair ann am FFC.

Chan eil làn-chòir air rudan leithid ionnsachadh cànan (a' gabhail a-steach 1+2), litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd air a fighe a-steach gu dòigheil fhathast mar dhleastanasan do na h-uile. Tha ullachadh airson leasachadh sgilean agus LFO a' fàs ach cha tric a bhios planadh ro-innleachdail agus dòighean cunbhalach ann airson a chur an gnìomh.

Tha taic airson sunnd làidir, ach tha càileachd is cunbhalachd planaidh caochlaideach

Tha mòran sgoiltean a' cumail taic mhath ri sunnd dhaoine òga le dòighean altram is deagh-dhàimhean, agus iad a' cleachdadh barrachd dàta air sunnd gus barrachd buannachd a thoirt do dhaoine òga ann an cleachdadh nas treasa. Tha taic airson slàinte-inntinn dhaoine òga a' fàs, ach 's tric a bhios na prògraman foghlaim pearsanta is sòisealta (FPS) a' fulang le cion adhartais agus cion buntainneis.

Ged a tha luchd-teagaisg sa chumantas a' tuigsinn nan dleastanasan reachdail airson feumalachdan taic a bharrachd, tha càileachd planaidh do dhaoine fa leth ro chaochlaideach, le laigsean a thaobh soilleireachd, targaidhean a ghabhas tomhas agus pròiseasan ath-sgrùdaidh.

Tha tracadh, co-mheasadh agus cleachdadh dàta fhathast ro lag airson coileantas àrdachadh

Tha eadar-dhealachadh mòr san dòigh a tha sgoiltean a' tracadh agus a' cuideachadh le adhartas luchd-ionnsachaidh, gu h-àraidh ann am FFC.

Tha cus sgoiltean ann far nach eil sealladh ro-innleachdail aig ceannardan air coileantas seachad air litearrachd is àireamhachd ann am FFC, agus tha co-mheasadh neo-chunbhalach. Far nach fhoghain tracadh agus co-mheasadh, bheirear droch-bhuaidh air eadar-theachdan tìmeil, co-dhùnaidhean tàbhachdach agus leasachadh. Mar sin, tha e deatamach gun tèid cleachdadh fiosraichte le dàta a neartachadh, gu h-àraidh airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh a tha fo chunnart gun adhartas math no seasmhach a dhèanamh.

Mìneachadh air na faclan meudachd

Gheibhear na faclan meudachd HMIE a leanas an co-cheangail ris na sgoiltean a chaidh a sgrùdadh ann an 2024/25.

Teirm	Raon sa cheud
A h-uile	100%
Cha mhòr a h-uile	91% gu 99%
A' mhòr-chuid	75% gu 90%
Mòr-chuid	50% gu 74%
Mion-chuid/ nas lugha na leth-chuid	15% gu 49%
Beagan	nas lugha na 15%

Faodar na faclan meudachd eile san aithisg seo a thuigsinn mar a thuigear gu h-àbhaisteach iad.